# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION***

**Airson Sgaoileadh sa bhad**

**13/08/2014**

**Am Bòrd a' Dèanamh Tuilleadh Adhartais ann a bhith Trusadh Thidsearan**

Tha Bòrd na Gàidhlig air leasachadh às ùr a dhèanamh air an iomairt aca gus tuilleadh thidsearan a thrusadh agus iad a' frithealadh air iarrtas a tha sìor dhol am meud airson tidsearan Gàidhlig.

A' togail air mar a shoirbhich do na h-iomairtean trusaidh airson tidsearan Gàidhlig a chùm iad sna trì bliadhna a dh'fhalbh, tha am Bòrd air leasachadh farsaing a dhèanamh air an iomairt aca, Thig Gam Theagasg. Tha iad air dreach ùr, tarraingeach a chur air an làrach-lìn, tha iad air sanasan didseatach ùra a chruthachadh, agus tha stuthan sanasachd ùra eile a' cur ris an iomairt.

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul: "Tha margaidheachd na meadhan air leth feumail dhuinn airson a bhith tàladh thidsearan ùra. Tha sinn air a bhith cur gu cunbhalach ris na goireasan is dòighean trusaidh againn thar nan trì bliadhna a chaidh seachad, agus tha sinn gu math toilichte gum b' urrainn dhuinn ath-nuadhachadh a thoirt air an iomairt, Thig Gam Theagasg, air fad.

"Feumaidh sinn bun-stèidh nas daingne a thoirt do dh'fhoghlam is ionnsachadh na Gàidhlig le bhith toirt taic do na h-oidhirpean gus luchd-obrach fhastadh aig a bheil misneachd, is trèanadh freagarrach, luchd-obrach a bheir comas dhuinn tuilleadh leudachaidh a thoirt air foghlam na Gàidhlig. Ann an com-pàirt le Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail agus Ionadan Foghlaim do Thidsearan, tha am Bòrd a' toirt taic do dh'iomairtean gus leudachadh a dhèanamh air an àireamh chùrsaichean a th' ann do dhaoine a tha airson a bhith nan tidsear Gàidhlig, no do dhaoine a tha a' teagasg tron Bheurla mu thràth agus a tha airson gluasad gu foghlam tron Ghàidhlig.

“Bu toil leinn taing a thoirt do Riaghaltas na h-Alba a-rithist airson an airgid a bharrachd a thug iad dhuinn gus leasachadh às ùr a thoirt air ar n-iomairt, Thig Gam Theagasg.”

A’ cur fàilte air an dreach ùr den iomairt, thuirt am Ministear airson Cànanan na h-Alba, an Dr Alasdair Allan: “Tha sinn air soirbheachadh gu mòr ann a bhith brosnachadh dhaoine òga gu bhith dol gu Foghlam tron Ghàidhlig, agus tha àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig air a dhol an àirde sa h-uile raon-aoise fo 21 airson a’ chiad turas o chionn iomadh ginealach. Gus frithealadh air an iarrtas a th’ ann bho phàrantan, feumaidh sinn deagh thidsearan a tharraing agus a chumail, a bheir leasanan brìoghmhor is brosnachail dha na clasaichean aca. Tha barrachd taice ann a-nis do dhaoine a tha airson trèanadh a dhèanamh gus a bhith nan tidsear Gàidhlig, agus dh’iarrainn air duine sam bith aig a bheil ùidh tadhal air an làrach-lìn, agus chì iad na cothroman a th’ ann an sin.”

**DEIREADH**

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07595763071.**

**FIOSRACHADH DON LUCHD-DEASACHAIDH**

*Tha taghadh farsaing de dh’fhiosrachadh air Teagasg.com do dhaoine aig a bheil ùidh ann a bhith toirt a-mach dreuchd mar thidsear Gàidhlig. Tha earrainnean ann airson daoine a tha airson trèanadh a dhèanamh gus a bhith nan tidsear Gàidhlig, agus earrainnean do dhaoine a tha airson gluasad gu Foghlam Gàidhlig.*

*Tha ceisteachan eadar-ghnìomhach ann le diofar shlighean, a bheir stiùireadh do dhaoine aig a bheil ùidh ann an dreuchd mar thidsear Gàidhlig, le fiosrachadh air cùrsaichean agus na teisteanasan a tha dhìth air tidsear Gàidhlig.*

*Tha an àireamh de dhaoine a tha trèanadh gu bhith nan tidsear Gàidhlig air a dhol an àirde, gu h-àraidh aig ìre na Bun-sgoile, agus tha oidhirpean gan dèanamh gus tuilleadh thidsearan àrd-sgoile a thàladh agus gus am faicear tuilleadh leasachaidhean a thaobh na h-àireimh de chuspairean a tha gan teagasg tron Ghàidhlig.*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**13/08/2014**

**For Immediate Release**

**Bòrd Progresses With Teacher Recruitment**

Bòrd na Gàidhlig has launched the redevelopment of its teacher recruitment initiative to further meet the growing demand for Gaelic teachers.

Following on from the successes of the Gaelic teacher recruitment campaigns seen in the last three years, the Bòrd have launched a complete redevelopment of their *Thig Gam Theagasg* (Come and Teach Me) campaign, with an attractive redesign of the website, creation of new digital adverts, with complementary advertising materials.

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Iain Campbell said: "Marketing is an extremely useful tool in helping us to recruit new teachers. We have constantly been adding to our portfolio of developments over the last three years, and are delighted to have been able to refresh our whole Thig Gam Theagasg (*Come and Teach Me*) initiative.

There is a need to strengthen the infrastructure of Gaelic education and learning generally by supporting the recruitment of a confident, appropriately trained workforce in order to service the expansion of Gaelic education. In partnership with the Scottish Government, Local Authorities and Teacher Education Institutes the Bòrd support initiatives to increase the range of courses available to those who wish to enter Gaelic teaching, or those who wish to transfer to teaching through the medium of Gaelic from mainstream education.

We would like to thank the Scottish Government again for their additional investment in the redesigning of the Thig gam Theagasg initiative campaign."

Welcoming the redevelopment, Minister for Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan said: "We have had great success across Scotland encouraging young Gaelic speakers through GME, with the number of speakers in all age groups under 21 going up for the first time in generations. In order to continue to meet this demand from parents we need to attract and retain good teachers who can bring lessons to life and inspire their classes. There is now

greater support available for those wishing to enter GME teacher training and I would encourage anyone interested to visit the website and see the opportunities open to them."

## ENDS

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 07595763071**.

**NOTES TO THE EDITOR**

*Teagasg.com includes a wide range of information for those interested in a career in Gaelic teaching. There are sections targeting those interested in training as a Gaelic teacher and at teachers interested in transferring to Gaelic Education.*

*It features an interactive route questionnaire which guides potential Gaelic teachers through the various courses available to them and qualifications required to become a Gaelic teacher.*

*There has been a rise in the number of people, training to become Gaelic teachers, particularly in the Primary sector and efforts are on-going to attract more to Secondary teachers and encourage further developments in the number of subjects being delivered through the medium of Gaelic.*